



Tìotal: Meadhanan sòisealta agus cultar mòr-chòrdte

Pàirt 2: Glic air-loidhne

Ìre: DÀRNA

Ceanglan CfE

Tha na gnìomhan air goireas nàiseanta RSHP a' toirt stiùireadh a thaobh nan Eòlasan/Builean agus na slatan-tomhais a tha buntainn ri RSHP – ga fhàgail aig an tidsear/neach-foghlaim ceanglan a dhèanamh ri raointean curraicealaim eile. Airson a' chuspair seo ge-tà tha ceanglan soilleir ann gu Teicneòlasan, agus mar sin tha na h-Eòlasan agus na Builean iomchaidh cuideachd air an comharrachadh.

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gu bheil raon farsaing ann de sheòrsaichean càirdeis is dàimh. HWB 2-44a</p> <p>Tha fios agam gu bheil gach seòrsa de dhroch-dhiol ceàrr, agus tha mi a' toirt air adhart sgilean airson mi fhìn a chumail sàbhailte agus cuideachadh fhaighinn ma dh'fheumas mi. HWB 2-49a</p> <p>Tha mi mothachail air gum feumar spèis a thoirt do shaorsa agus do chrìochan pearsanta dhaoine agus 's urrainn dhomh aithneachadh agus freagairt nan rudan a tha daoine a' cur an cèill tro chainnt agus ann an dòighean eile seach cainnt. HWB 2-45b</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Ag aithneachadh diofar sheòrsaichean dhàimhean • Ag aithneachadh burraidheachd agus droch dhiol, me, air-loidhne, agahaidh ri aghaidh agus eòlach air càit an tèid iad airson cuideachadh. • A' mìneachadh còraichean droch-dhiol.

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
<p>Is urrainn dhomh sgrùdadh coimhearsnachdan air-loidhne a' nochdadh tuigse air dòigh-giùlain didseatach ciallach agus tha mi mothachail air an dòigh anns an cùm mi mi fhèin sàbhailte is tèarainte. TCH 2-03a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • A' sealltainn tuigse air an fhiosrachadh a bu chòir dhaibh a chur ann am pròfaidhl air-loidhne. • A' deasbad cho cudromach 's a tha e a bhith nad shaoranach didseatach cunntasach, le eisimpleirean de ghiùlan agus gnìomhan freagarrach. • Ag aithneachadh dhòighean freagarrach airson innse mu dhraghan/iomagain sam bith. • A' cleachdadh fhaclan-faire làidir. • A' tuigsinn riaghailtean laghail co-cheangailte ri giùlan mì-laghail no mì-iomchaidh air-loidhne, mar eisimpleir sgaoileadh dhealbhan mì-iomchaidh.

Amasan Ionnsachaidh

- Gum faic clann an t-eadar-lìon mar rud deimhinneach a tha spòrsail agus a tha na chuideachadh dhan ionnsachadh aca.
- Gum meòraich clann air an giùlan air-loidhne.
- Gun aithnich clann cunnartan a dh'fhaodas a bhith no a tha timcheall air-loidhne.

- Gun ionnsaich clann dòighean sireadh taic.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na bhios mi a' deanamh 'air-loidhne'.
- Tha mi a' tuigsinn gum feum mi planaichean airson a bhith sàbhailte nuair tha mi air-loidhne.
- Tha mi ag aithneachadh cò na h-inbhich sa bheil earbsa agam agus cò chuidicheas ma tha iomagain orm.

Goireasan-taic

- Tablaidean airson gun urrainn dhan chloinn obrachadh nan dithisean/mar bhuidhnean, ach mura gabh seo dhèanamh, gabhaidh an obair a dhèanamh mar chlas air an Smartboard.
- Slaighdean "PowerPoint
- Aithisg Newsround https://youtu.be/IT_V_rQtFr0 (2 mhion. 30)
- Post-its/duilleag mhòr de phàipear.
- Prop nam Prìomh Phuingeann do chlann (Top Tips for Kids)

Mar leudachadh/tuilleadh ionnsachaidh:

- Play Like Share <https://www.thinkuknow.co.uk/professionals/resources/play-like-share/>
- The Adventures of Cara, Winston and the Smart Crew <https://www.childnet.com/resources/the-adventures-of-kara-winston-and-the-smart-crew>
- Goireasan #LiveSkills <https://www.thinkuknow.co.uk/professionals/resources/live-streaming/>

Obair

1. **An toiseach**, Faighnich dhan chloinn dè na rinn sibh san t-seisean mu dheireadh - bha iad a' meòrachadh air far am bi iad a' dol air-loidhne, na bhios iad a' dèanamh agus rudan a bhios uaireannan a' còrdadh riutha agus nach bi a' còrdadh riutha mu bhith air-loidhne. Cleachd an slaighd airson na leanas a chur nan cuimhne:

'S e àite cuideachail agus spòrsail a th' anns an eadar-lìon.
Feumaidh e cuideachd a bhith na àite far a bheil clann glic agus far an aithne dhaibh mar a chumas iad iad fhèin sàbhailte.
2. Brosnaich còmhradh (dithisean agus mar bhuidheann) a' cleachdadh nan ceistean seo: **Dè na rudan math a bhios tu a' faicinn air-loidhne? Dè bhios tu a' faicinn air-loidhne a bhios a' toirt brosnachadh dhut?**
3. Inns dhan chloinn gum bi iad a' smaoinichadh san t-seisean seo mu mar a bhios iad a' cleachdadh an eadar-lìn airson rudan fhaighinn a-mach. An uair sin a' smaoinichadh air na bhios a' chlann ag innse do dhaoine eile air-loidhne.
4. **A' lorg air-loidhne:** A' smaoinichadh air mar a bhios tu a' cleachdadh an eadar-lìn airson rudan fhaighinn a-mach, faighnich na ceistean seo dhan chloinn agus broснаich còmhradh eatarra: **Dè na h-einneanan luirg a bhios sibh a' cleachdadh? Carson am fear sin? Ma chleachdas tu Google (no an t-einnean-luirg a bhios tu a' cleachdadh) ciamar a bhios tu a' taghadh dè an ceangal air an cliog thu?**
5. Faighnich dhan chloinn **carson a bhios làrach-lìn a' nochdadh aig bàrr an liosta?** 'S e am freagairt gum bi seo a' tachairt nuair a tha an neach-deilbh a' cur a-steach tòrr cheanglaichean a tha cuideachail, tha tòrr stuth ann, tha an làrach air a bhith ann airson ùine fhada, tha e mar-thà a' faighinn tòrr chliogan. Ach faighnich cuideachd: A bheil seo ga dhèanamh nas earbsaiche? Inns dhaibh nach fheum seo a bhith fìor idir, seall an slaighd:

**An urrainn dhut earbsa a chur anns na tha thu a' faicinn air-loidhne?
Dè tha fuadain?**

Faighnich dhan chloinn an cuala iad riamh mu *fake news* (naidheachdan fuadain)? 'S dòcha gun tèid aig a' chloinn air seo a mhìneachadh. Mura tèid, inns dhaibh gu bheil *fake news* a' ciallachadh fiosrachadh a tha coltach ri pìos ann am pàipear-naidheachd ach nach eil fìor – tha e fuadain.

6. **Obair: Fìor no fuadain?** *Faodaidh a' chlann obrachadh ann am buidhnean no làrach-lìn a thaghadh agus sgrùdadh a dhèanamh mar chlas.* Inns dhan chloinn gum iad a' cleachdadh tòrr dhiofar làraich-lìn airson fiosrachadh a chruinneachadh. Seall an slaighd agus iarr orra làrach a thaghadh air am bi iad a' tadhal agus air am bruidhinn iad ri caraaid rin taobh a' cleachdadh nan ceistean. An uair sin faodaidh iad fios a thoirt air ais dhan chlas/bhuidheann.

Tagh làrach-lìn air am bi thu a' tadhal. Seall agus inns dha do charaid dè an làrach a th' ann.

Air an làrach-lìn seo a bheil thu a' smaoinichadh gu bheil:

- A h-uile sìon fìor?
- A' mhòr-chuid fìor?
- Cuid dheth fìor?
- Chan eil fios agam.

7. **Naidheachdan Fìor no Fuadain.** Seall am pìos bho Newsround https://youtu.be/IT_V_rQtFr0 (2 mion. 30) – inns gun robh Newsround airson faicinn an aithneachadh clann an robh rudan a bha iad a' faicinn air-loidhne fìor no fuadain. Faigh beachdan bhon chloinn air an aithisg. Dè cho math 's a tha iad air rudan fìor agus fuadain aithneachadh air an eadar-lìn?
8. **Naidheachdan Fìor no Fuadain – gèam bhuidhnean.** Iarr air a' chloinn obrachadh ann am buidhnean beaga airson dà naidheachd a lorg a dh'innseas iad dhan chloinn eile, rud a tha fios aca a tha fìor. An uair sin iarr orra sgeulachd a dhèanamh suas a dh'innseas iad dhan chlas. Feumaidh a' chlann eile obrachadh a-mach dè tha fìor agus dè tha fuadain.
9. **A' cruthachadh agus a' sgaoileadh dheabhan.** Inns dhan chloinn gum bi daoine a' cleachdadh an eadar-lìn airson barrachd 's lorg fiosrachaidh. Bidh iad cuideachd a' cruthachadh agus a' sgaoileadh ìomhaighean no dealbhan. Meòraich air na ceistean seo còmhla ris a' chloinn ('s dòcha gum bi iad airson bruidhinn ri caraaid rin taobh agus an uair sin fios a thoirt air ais dhan chlas/bhuidheann. Bhruidhinn iad mu na bhios iad a' cruthachadh air-loidhne san leasan mu dheireadh, agus tha seo a' coimhead nas dlùithe ri sgaoileadh):

A' cruthachadh agus a' sgaoileadh ìomhaighean

- Am bi thu uair sam bith a' cruthachadh dhealbhan agus gan cur air an eadar-lìn?
- Am bi neach sam bith eile gan sgaoileadh?
- Am bi thu uair sam bith a' sgaoileadh dhealbhan a chì thu air fòn/taibhidh no air coimpiutair?
- Dè na rudan a bhios tu a' sgaoileadh agus cò thuige?

10. Inns dhan chloinn gu bheil tòrr stuth cruthachail agus tòrr sgaoileadh stuthan a' tachairt air-loidhne. Seall an ath sheata de shlaighdean mar seo: Ach seo far am feum clann a bhith glic... Is e aon rud a th' ann nuair a dh'iarras do sheanmhair, no cuideigin air a bheil thu dèidheil, dealbh a chur thuca. Is

e rud eadar-dhealaichte a th' ann nuair a tha cuideigin air nach eil thu eòlach ag iarraidh rud mar seo. Mìnich dhan chlas gum bu chòir dhaibh rudan a chumail nan cuimhne nuair a tha iad ri spòrs air-loidhne, a' cluich gheamannan no a' cleachdadh apps. Mar a bhios sibh ag obrachadh tro na slaighdean/puingean, dèan cinnteach gu bheil iad a' tuigsinn 's gabh beachdan no ceistean. (Dèan sgrùdadh timcheall air dè th' ann an *caraid?* Anns an dàrna puing fiosrachaidh, dèan cinnteach gu bheil clann ag èisteachd ri 's *dòcha dìreach dhed aodann*. Tha a 'phuing seo cudromach oir faodaidh e bhith gun tòisich daoine le bhith a' faighneachd airson ìomhaighean neochiontach).

Ma dh'iarrras cuideigin rud ort...

- 'S dòcha gun can cuideigin gur iad do charaid air-loidhne, ach gun iarr iad an uair sin ort rudeigin a dhèanamh nach eil thusa deònach a dhèanamh. Ged a chanas cuideigin gur e caraid a th' annta, chan eil e ceart aig àm sam bith iomagain a chur ort.
- Ma dh'iarrras cuideigin ort rudeigin a dhèanamh air-loidhne nach eil thusa airson a dhèanamh, bruidhinn ri inbheach earbsach.
- Ma dh'iarrras cuideigin ort dealbh a chur thuca dhìot fhèin – 's dòcha dìreach dhed aodann, no gun aodach no le fo-aodach ort – inns do dh'inbheach earbsach. Chan eil e ceart rud mar seo iarraidh ort. Tha do bhodhaig prìobhaideach.
- Ma sgaoileas tu dealbh dhìot fhèin, agus gum b' fheàrr leat nach do rinn thu e, inns do chuideigin. Inns an sgeulachd air fad dhaibh airson 's gun urrainn dhaibh do chuideachadh.
- Ma dh'iarrras neach ris nach do thachair thu roimhe tachairt ort, can nach eil thu deònach agus inns do dh'inbheach earbsach.
- Ma dh'fhàgas neach thu troimh-a-chèile no ma chuireas neach sam bith iomagain ort air-loidhne, cuimhnich nach e do choire-sa a th' ann UAIR SAM BITH.

11. An uair sin inns gum faod daoine cuideachd dealbh no ìomhaigh a chur thugad gun thusa idir iarraidh agus nach robh thu ag iarraidh fhaicinn. Seall an slaighd, dèan cinnteach gu bheil iad a' tuigsinn. (Ma bhruidhinn sibh air pòrn mar-thà, cuir an cuimhne na cloinne na dh'ionnsaich iad.)

Dè ma chuireas cuideigin thugad dealbh, ìomhaigh no bhidio nach eil thu ag iarraidh fhaicinn no a tha gad fhàgail troimh-a-chèile?

- Na sgaoil an teachdaireachd gu duine sam bith eile.
- Seall i do dh'inbheach earbsach.
- Cuimhnich nach e do choire a th' ann agus gun cuidich e ma dh'innsas tu do dh'inbheach.

12. **Ciamar a choimheadas mi às mo dheidh fhìn air-loidhne?** Iarr air a' chloinn obrachadh còmhla ri caraid rin taobh gus smaoinachadh air 5 rudan as urrainn dhaibh a dhèanamh airson coimhead às an dèidh fhèin air-loidhne. Thoir post-its do gach dithis agus dèan postair mòr dhe na beachdan aca mar a tha sibh a' dol air adhart.

13. **Obair: 5 prìomh phuingean do chlann.** Seall am prop agus inns gu bheil a' chlann gu bhith ag obair leotha fhèin às dèidh na rinn iad a chòmhradh. Can gur e àite uabhasach math a th' anns an eadar-lìon do gach pàiste. Ach dè na 5 prìomh phuingean a bheireadh iadsan do chlann airson 's gum bi gach pàiste sàbhailte agus toilichte air-loidhne? Faodaidh iad am postair aca a sgeadachadh leis na caractaran, emojis no na làraich-lìn as fheàrr leotha. Cleachd am prop agus dèan taisbeanadh de na stuthan sna làthaichean a tha romhaibh.

Dèan leudachadh air ionnsachadh leis na goireasan gu h-ìosal.

Faodar na goireasan seo a chleachdadh leis a' chlas gu lèir no mar thaic do chlann far a bheilear a' faireachdainn gu bheil cruaidh fheum air taic agus air an ionnsachadh seo.

- A. **Play Like Share:** 'S e sreath de 3 cartùnaichean a tha seo (c. 6-7 mionaidean gach fear) le pasgan ghoireasan na chois a tha ag amas air clann eadar aoisean 8 agus 10 gus an cuideachadh ag ionnsachadh mar a chumas iad sàbhailte bho dhroch-dhìol feiseil, gabhail brath agus cunnartan eile a dh'fhaodadh iad tachairt ris air-loidhne. Tha an t-sreath a' leantainn na thachair do Alfie, Ellie agus Sam agus iad a' cur còmhlan ri chèile airson pàirt a ghabhail ann an co-fharpais *Battle of the Bands* san sgoil, a' dol an aghaidh nam Popcorn Wizards. Tha na trì caraidean ag ionnsachadh ged a dh'fhaodas an t-eadar-lìon an cuideachadh gus an amas a choileanadh, gum feum iad a chleachdadh gu ciallach agus gu sàbhailte:
<https://www.thinkuknow.co.uk/professionals/resources/play-like-share/>
- B. **The Adventures of Cara, Winston and the Smart Crew.** Thairis air a dhà no trì lathaichean seall na cartùnaichean seo dhan chloinn ag innse dhaibh gun cuidich iad iad le bhith gan cumail fhèin sàbhailte agus toilichte air-loidhne. Seall an catùn tòiseachaidh agus lean ort leis na cartùnaichean sna lathaichean a tha romhaibh - *The Adventures of Cara, Winston and the Smart Crew* (36 diogan) <https://www.childnet.com/resources/the-adventures-of-kara-winston-and-the-smart-crew/trailer> Tha còig cartùnaichean goirid ann eadar 3 mionaidean gu leth agus còig mionaidean. Anns gach cartùn tha sgeulachd ghoirid mu bhith sàbhailte air-loidhne, agus tha iad a' daingneachadh an ionnsachaidh sna leasan an gu h-àrd. Chì sibh na filmichean a rèir caibideil an seo: <https://www.childnet.com/resources/the-adventures-of-kara-winston-and-the-smart-crew> *Chapter 1: What should you accept? / Chapter 2: What is reliable? / Chapter 3: what should you keep safe? / Chapter 4: Who should you tell? / Chapter 5: Be careful when meeting up.*
- C. **Leudaich ionnsachadh a' chlas mu shruthadh beò le goireasan #LiveSkills bho sgioba foghlaim CEOP**
- 'S e paca ghoireasan do chlann 8-18 a th' ann an #LiveSkills a' coimhead air sruthadh beò, fear de na prìomh rudan as fheàrr le clann agus daoine òga a bhith a' dèanamh air-loidhne. Tha e a' dèanamh sgrùdadh air sruthadh beò agus na cunnartan a tha na lùib do chlann agus daoine òga. Do chlann aig ceann shuas na bun-sgoile, gheibhear na leanas (tha stuthan ann cuideachd do 11+):
- Trì gnìomhan 20 mionaid do chlann eadar 8 agus 11 air brosnachadh misneachd agus fèin-bheachd chloinne agus cò ann a chuireas iad earbsa air-loidhne
 - Trì gnìomhan 20 mionaid do chlann eadar 8 agus 11 a' dèanamh sgrùdadh air aire dheimhinneach agus neo-dheimhinneach
 - Taisbeanadh 30 mionaid do phàrantan/luchd-cùraim mu shruthadh beò, na cunnartan do dhaoine òga agus stiùireadh air mar a chuidicheas iad an cuid chloinne gan cumail fhèin sàbhailte. Gabhaidh seo cuideachd atharrachadh gus gum bi e feumail do phroifeiseantaich.

Gheibh thu cuideachd stiùireadh mionaideach air libhrigreadh gach seisean agus duilleagan fiosrachaidh do phroifeiseantaich agus pàrantan 's luchd-cùraim aig:

<https://www.thinkuknow.co.uk/professionals/resources/live-streaming/>

Beachdan eile

Gheibhear farpais-cheist Riaghailtean SMART air-loidhne. Faodaidh a' chlann a dhèanamh (air tablaid/laptop nan dithisean air an t-seachdain a bhios iad ag ionnsachadh mu bhith sàbhailte agus glic air-loidhne: <https://www.childnet.com/young-people/primary/smart-rules-quiz>

Ceangal ris an dachaigh

Tha fiosrachadh agus teacsa taic ri fhaighinn airson na h-obrach seo an cois: **Càit am bi sinn a' dol air-loidhne?**

Tha goireasan eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Càit am bi sinn a' dol air-loidhne?

Nòtaichean Tidseir